



COMHAIRLE NAN EILEAN SIAR

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CANAN

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

MINUTE OF THE MEETING HELD IN THE COUNCIL CHAMBER, COUNCIL OFFICES, STORNOWAY ON MONDAY 27 FEBRUARY 2017 AT 2.00 PM.

PRESENT

Mr John A MacIver (Chairman)
Mr Alasdair MacLeod (Vice Chair)
Mr Neil Beaton
Mr Uisdean Robertson
Catherine Macdonald
Mrs Zena Stewart
Mr John Mackay
Mrs Catriona Stewart
Mr Alastair MacIannan
Mr Kenneth Macleod
Mr Norman A Macdonald

APOLOGIES

Mr John N Macleod
Mr Angus Morrison

IN ATTENDANCE

Mr Malcolm Burr
Mr Robert Emmott
Ms Lesley McDonald
Mr Donald Weir
Mr Bernard Chisholm
Mr Joe Macphee

MINUTES

- 1 The Minute of Meeting of 5 December 2016 was **approved**. 1
- 2 The Chairman and Mr Uisdean Robertson declared an interest in item 7 as they were Board Members' of Fèisean nan Gàidheal and left the meeting during consideration of this matter. 2

The Vice Chairman declared an interest in Item 9 as he was a Board Member of Comunn na Gàidhlig and left the meeting during consideration of this matter.

COMATAIDH BUILEACHAIDH PLANA CÀNAN

GEÀRR-CHUNNTAS DEN CHOINNEAMH A CHAIDH A CHUMAIL ANN AN SEÒMAR NA COMHAIRLE, OIFISEAN NA COMHAIRLE, STEÒRNABHAGH, AIR DILUAIN 27 GEARANN 2017 AIG 2f

AN LATHAIR

Mgr. John A MacIomhair (Cathraiche)
Mgr. Alasdair MacLeòid (Iar-chathraiche)
Mgr. Niall Peutan
Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh
Catriona Dhòmhnallach
Bh-ph Zena Stiùbhart
Mgr. Iain MacAoidh
Bh-ph Catriona Stiùbhart
Mgr. Alasdair MacIlnnein
Mgr. Coinneach MacLeòid
Mgr. Tormod A Dòmhnallach

LEISGEULAN

Mgr. Iain T MacLeòid
Mgr. Aonghas Mac Ille Mhoire

AN LÀTHAIR

Mgr. Malcolm Burr
Mgr. Raibeirt Emmott
Lesley NicDhomhnaill
Mgr. Dòmhnall Weir
Mgr. Bernard Siosalach
Mgr. Iosabh Macphee

GEÀRR-CHUNNTASAN

- 1 Chaidh **aontachadh** ri Geàrr-chunntas na Coinneimh air 5 Dùbhlachd 2016.
- 2 Chlàr an Cathraiche agus Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh ùidh ann an cuspair 6 air sgàth `s gu robh iad nam Buill air Bòrd Fèisean nan Gàidheal agus dh'fhàg iad an t-seòmar airson an deasbad air a' chuspair.
- 2 Chlàr an Iar-chathraiche ùidh ann an cuspair 9 air sgàth `s gu robh e na Bhall air Bòrd Chomunn na Gàidhlig agus dh'fhàg e an t-seòmar airson an deasbad air a' chuspair.

PRESENTATION

3 Bòrd na Gàidhlig

Presentation by Shona MacLennan, Chief Executive

The Chairman welcomed Shona MacLennan, Chief Executive of Bòrd na Gàidhlig who gave a presentation on the development of the National Gaelic Language Plan for 2017-22. She stated that the aim of the Plan was to increase the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it would be used. The Draft Plan met the Act's requirement for a revised Plan to be submitted five years after the first and it clearly identified the main priorities for Gaelic and where available resources should be directed, for example Education through e-sgoil, Tourism through Visit Scotland and also through Heritage. She indicated that Bòrd na Gàidhlig funded organisations like Fèisean nan Gaidheil and Ceòlas Uibhist for the purpose of encouraging the Gaelic Language for drama which would be taken through schools. Ms MacLennan highlighted that the revised Plan was out for consultation and comments were to be submitted by 17 May 2017 and encouraged Members to respond to the Draft Plan.

The Chairman thanked Ms MacLennan for the informative presentation and Members were afforded the opportunity to ask questions of Ms MacLennan.

It was agreed that the presentation be noted.

Arising out of consideration of this item it was agreed to recommend that future meetings of Comataidh Buileachaidh Plana Canan be streamed live to promote the language.

TAISBEANADH

3 Bòrd na Gàidhlig

Taisbeanadh le Shona NicIllinnein, Àrd-oifigear

Chur an Neach-cathrach fàilte air Shona NicIllinnein, Àrd-oifigear Bòrd na Gàidhlig, a thug taisbeanadh seachad air leasachadh Plana Nàiseanta na Gàidhlig airson 2017-22. Mhìnich i gur e prìomh amas a' Phlana leudachadh àireamhan de dhaoine a' bruidhinn, a' cleachdadh agus ag ionnsachadh na Gàidhlig an Alba agus leudachadh na suidheachaidhean far an gabhadh a' chànain a cleachdadh. Choilean an Dreach Plana feumalachdan an Achd - gun deidheadh plana ùr a chur a-steach còig bliadhna an dèidh a' chiad tè, agus mhìnich e gu follaiseach prìomh amasan na Gàidhlig agus far an deidheadh goireasan an cleachdadh, mar eisimpleir Foghlam tro e-Sgoil, Turasachd tro Visit Scotland agus Dualchas. Mhìnich i gu bheil Bòrd na Gàidhlig a' maoineachadh buidhnean leithid Fèisean nan Gàidheal agus Ceòlas Uibhist gus brosnachadh dràma tron a' chànain anns na sgoiltean. Mhìnich i gu robh an Dreach Phlana a-muigh airson co-chomhairleachaidh agus gur e 17 Cèitean 2017 an ceann-là airson beachdan a thoirt seachad. Bhrosnaich i Buill beachdan a chur a-steach.

Thug an Neach-cathrach taing dha A' Mh. NicIllinnein airson an taisbeanadh fiosrachail agus bha cothrom aig Buill ceistean fhaighneachd dhi.

Chaidh aontachadh an taisbeanadh a notadh.

Chaidh aontachadh moladh gun deidheadh coinneamhan Comataidh Buileachaidh Plana Canan a' chraoladh beò airson inbhe a' chànain a thogail.

GAELIC LANGUAGE PLAN

- 4 Comhairle nan Eilean Siar Gaelic Language Plan: Ten-Year Review

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report in relation to the ten year review of the Comhairle's Gaelic Language Plan which indicated the main areas of progress that has been made in terms of Gaelic development in the Comhairle since before the first Comhairle Gaelic Language Plan was published ten years ago, in 2007. The Report stated that Section 3 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 required relevant public bodies to prepare a Gaelic language plan for their organisations. The plans required to set out the measures to be taken by the body in relation to the use of the Gaelic language in connection with the exercise of its functions. Section 7 of the Gaelic Language (Scotland) Act 2005 required the body to review and make any necessary amendments to the Plan, before preparing a new iteration of the Plan, no later than five years after the date of approval of the current Plan.

It was agreed

- (1) to recommend that the progress made in terms of Gaelic development in the Comhairle since the first Gaelic Language Plan was published in 2007 Report be noted; and**
- (2) that future progress Reports would provide comparative statistical information in numeric form.**

PLANA CÀNAN GÀIDHLIG

- 4 Plana Cànana Chomhairle nan Eilean Siar: Ath-sgrùdadh Deich-Bliadhna

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a thaobh Ath-sgrùdadh Deich-Bliadhna air Plana Cànana Chomhairle nan Eilean Siar a mhinich an adhartas a chaidh a dhèanamh a thaobh leasachadh na Gàidhlig aig a' Chomhairle bho chaidh a' chiad Phlana fhoillseachadh bho chionn deich bliadhna, ann an 2017. Mhinich an Aithisg gu robh dleasan air buidhnean poblach, bho Roinn 3 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, Plana Gàidhlig ullachadh. Dh' fheumadh na planaichean mìneachadh na ceumannan a bha a' bhuidheann a' dol a ghabhail a thaobh cleachdadh na Gàidhlig. Mhinich Roinn 7 de dh' Achd na Gàidhlig (Alba) 2005, gu feumadh buidhnean ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' Phlana aca mus tòisich iad ag ullachadh an ath Phlana, còig bliadhna an dèidh an tè mu dheireadh aontachadh aig a char as fhaide.

Chaidh aontachadh:

- (1) notadh an adhartas le leasachadh na Gàidhlig aig a' Chomhairle bho chaidh a' chiad Phlana fhoillseachadh ann an 2007; agus**
- (2) gun dèan Aithisgean san àm ri teachd comas eadar na h-àireamhan**

APPLICATIONS FOR FINANCIAL ASSISTANCE

- 5 Hebridean Celtic Festival Revenue Funding 2017/18

Report by Director of Development

The Director of Development submitted a Report seeking consideration of an application for revenue funding from the Hebridean Celtic Festival Trust (HCFT) for 2017/18. The Report stated that an independent Visitor Survey and Economic Impact Report on HebCelt 2016 had concluded that the festival directly generated £1,405,472 into the local economy, that the net additional economic impact of festival-goer expenditure as a result of HebCelt 2016 was in the region of £2,206,591 and that the event helped safeguard 41 tourism related jobs. Creative Scotland had confirmed funding totalling £80,000 towards the festival in 2017. Although a significant percentage of funding for the festival had been derived from private sponsorship and commercial income, continued support from the Comhairle was imperative in ensuring the inward investment from other public sources and to maintain the quality, ambition and size of the annual event.

It was agreed to recommend that, subject to the satisfactory conclusion of a one year Funding Agreement for 2017/18, the Comhairle approve funding of £21,375 from Arts Revenue and £4,275 from Sgioba na Gàidhlig Budgets to the Hebridean Celtic Festival Trust.

- 6 Ceòlas Uibhist Ltd. Revenue Funding 2017/18

Report by Director of Development

The Director of Development submitted a Report request that the Comataidh consider an application for annual revenue funding from Ceòlas Uibhist Ltd. The Report stated that in a development from their original core programme, Ceòlas organised an increasing number of additional cultural projects throughout the year. This had included instrument tuition and musical events both in Uist and at prestigious international festivals such as 'Celtic Connections' in Glasgow. Significant progress had been made in developing 'Cnoc Soilleir' - an ambitious plan to build a centre for the Gaelic arts in South Uist. The continued provision of Comhairle funding for Ceòlas was essential, to enable the organisation to plan confidently for their 2017 programme and summer school and secure partnership funding from other sources

It was agreed to recommend that, subject to the satisfactory conclusion of a one year Funding Agreement for 2017/18, the Comhairle approve funding of £4,513 from Arts Revenue and £4,512 from Sgioba na Gàidhlig Budgets to Ceòlas Uibhist Ltd.

The Chairman and Mr Uisdean Robertson declared an interest in item 7 as they were Board Members' of Fèisean nan Gaidheil and left the meeting during consideration of this matter.

IARRTASAN AIRSON TAIC AIRGID

- 5 Fèis Cheilteach Innse Gall Maoineachadh Bhladhnaill 2017/18

Aithisg le Stiùiriche Leasachaidh

Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Leasachaidh a' sireadh aonta ri iarrtas airson maoin bhliadhnail bho Fhèis Cheilteach Innse Gall airson 2017/18. Mhìnich an Aithisg gu robh an suirbhidh neo-eisimeileach agus buaidh ionmhais air HebCelt 2016, air co-dhùnadh gu robh an fhèis air £1,405,472 a thoirt a-steach dhan an eaconamaidh ionadail, gu robh gach neach a' dol chun an fhèis air timcheall air £2,206,591 a chosg agus gun do chum an fhèis obair ri 41 dreuchdan a thaobh turasachd. Bha Alba Cruthachail air £80,000 a dhearbhadh dhan an fhèis airson 2017. Ged a bha pàirt mhòr den mhaoineachadh a' tighinn bho bhuidhnean prìobhaideach agus teachd-a-steach coimeirsealta, bha taic leantainneach na Comhairle riatanach airson teachd-a-steach fhaighinn bho bhuidhnean poblach eile gus cumail na h-ìrean agus meud an tachartas bhliadhnail.

Chaidh aontachadh, an urra ri Aonta Ionmhais coileanta a ruighinn leis a' bhuidheann airson 2017/18, taic de £21,375 bho Buidseat na h-Ealain agus £4,275 bho Sgioba na Gàidhlig thoirt seachad do dh'Urras Fèis Cheilteach Innse Gall.

- 6 Aonta Maoineachaidh Ceòlas Uibhist 2017/18

Aithisg le Stiùiriche Leasachaidh

Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Leasachaidh a' sireadh aonta ri iarrtas airson maoin bhliadhnail bho Cheòlas Uibhist. Mhìnich an Aithisg gu bheil Ceòlas a-nis a' libhrigeadh barrachd phrìoiseactan cultarail tron a' bhliadhna. Nam measg, bha tachartasan le ionnsramaidean is fèisean ciùil an Uibhist agus aig prìomh fèisean nàiseanta leithid 'Celtic Connections' an Glaschu. Chaidh adhartas mhòr a dhèanamh a thaobh leasachadh 'Cnoc Soilleir' - plana adhartach gus Ionad Ealain a thogail an Uibhist a Deas. Bha taic leantainneach na Comhairle deatamach do Cheòlas, gus cothrom a thoirt don bhuidheann am prògram aca airson 2017 a chur air dòigh agus maoin a tharraing a-steach bho stòras eile.

Chaidh aontachadh, an urra ri Aonta Ionmhais coileanta a ruighinn leis a' bhuidheann airson 2017/18, taic ionmhais de £4,513 bho Bhuidseat na h-Ealain agus £4,512 bho Bhuidseat Sgioba na Gàidhlig gu Ceòlas Uibhist Earr.

Chlàr an Cathraiche agus Mgr. Uisdean MacDhonnchaidh ùidh ann an cuspair 6 air sgàth 's gu robh iad nam Buill air Bòrd Fèisean nan Gàidheal agus dh'fhàg iad an t-seòmar airson an deasbad air a' chuspair.

7	<p>Fèisean nan Gàidheal Revenue Funding 2017/18</p> <p>Report by Director of Development</p> <p>The Director of Development submitted a Report to consider an application for annual revenue funding from Fèisean nan Gàidheal for 2017/18. The Report stated that since 2009 the Comhairle had awarded funding to Fèisean nan Gàidheal on an annual basis to be devolved to six (increasing to seven in 2013) island Fèisean and to support the post of Western Isles Fèis Development Officer. This enabled seven week long community-based Gaelic arts tuition festivals to take place between April and August in the Outer Hebrides, plus a varied programme of classes and additional projects during the year.</p> <p>It was agreed that, subject to the satisfactory conclusion of a Funding Agreement for 2017/18, approve funding of £6,400 from Arts Revenue and £6,400 from Sgioba na Gàidhlig Budgets to Fèisean nan Gàidheal, to be devolved to seven Outer Hebrides Fèisean and to support the post of Western Isles Fèis Development Officer.</p>	7	<p>Aonta Maoineachaidh Fèisean nan Gàidheal 2017/18</p> <p>Aithisg le Stiùiriche Leasachaidh</p> <p>Thugadh fa-near Aithisg bho Stiùiriche Leasachaidh a' sireadh aonta ri iarrtas airson maoin bhliadhnail bho Fhèisean nan Gàidheal airson 2017/18. Chaidh ainmeachadh san Aithisg gu robh a' Chomhairle air maoineachadh a thoirt seachad dha Fèisean na Gàidheal bho 2009 airson a roinn eadar sia (seachd bho 2013) Fèisean agus airson taic a chumail ri Oifigear Leasachaidh Fèisean nan Eilean Siar. Chum seo taic ri seachd fèisean na h-Ealain Gàidhlig a' gabhail àite airson seachdain eadar a Ghiblean agus an Lùnastal sna h-Eileanan an Iar, an cois program chlasaichean agus pròiseactan eile tron a' bhliadhna.</p> <p>Chaidh aontachadh, an urra ri Aonta Ionmhais coileanta a ruighinn leis a' bhuidheann airson 2017/18, gun deidheadh taic ionmhais de £6400 bho Bhuidseat na h-Ealain agus £6400 bho Bhuidseat Sgioba na Gàidhlig gu Fèisean nan Gàidheal, a bhios air a roinn a-mach gu na seachd Fèisean anns Na h-Eileanan an Iar agus gus taic a chur ri dreuchd Oifigear Leasachaidh Fèisean nan Eilean Siar.</p>
8	<p>Breascleite Community Association: Application for Financial Assistance</p> <p>Report by Chief Executive</p> <p>The Chief Executive submitted a Report which sought approval of an application for financial assistance from Breascleite Community Association. The Report stated that the application sought funding of £5,000 from the Comhairle's Small Gaelic Projects Fund to assist with the cost of Breascleite Community Association's "A' feitheamh ri Dubhar na h-Oidhche" project. The multi-faceted project aimed to commemorate the lives of the lighthouse keepers who were mysteriously lost on the Flannan Isles in 1900.</p> <p>It was agreed to approve that the sum of £2,500 be awarded to this project on such terms and conditions as the Chief Executive should determine; the sum would pay for the cost of the Gaelic elements of the project, namely, the Gaelic translation costs (£500), production of bilingual signage (£1,000), and production of a bilingual app (£1,000).</p> <p>The Vice Chairman declared an interest in Item 9 as he was a Board Member of Comunn na Gàidhlig and left the meeting during consideration of this matter.</p>	8	<p>Buidheann Coimhearsnachd Bhreascleit: Iarrtas airson Taic-airgid</p> <p>Aithisg leis an Àrd-oifigear</p> <p>Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' sireadh aonta air iarrtas airson taic-airgid bho Bhuidheann Coimhearsnachd Bhreascleit. Mhìnich an Aithisg gu robh an t-iarrtas seo a' sireadh taic-airgid de £5,000 bho Mhaoin Phròiseactan Beaga Gàidhlig na Comhairle gus cuideachadh le cosgais pròiseact Breascleite Community Association, "A' feitheamh ri Dubhar na h-Oidhche". Tha iomadh taobh air a' phròiseact seo, a tha mar chuidhneachan air fir-glèidhidh taigh-solas nan Eilean Flannach a chaill am beatha ann an 1900.</p> <p>Chaidh aontachadh ri sùim de £2,500 a thoirt seachad airson a' phròiseict seo a rèir teirmean agus cùmhnantan air an dearbhadh leis an Àrd-oifigear. Phàigheadh seo airson piosan Gàidhlig a' phròiseict, agus `s e sin cosgais eadar-theangachaidh (£500), soidhnichean dà-chànanach (£1,000) 's app dà-chànanach (£1,000).</p> <p>Chlàr an Iar-chathrach ùidh ann an cuspair 9 leis gu robh e na Bhall air Bòrd Chomunn na Gàidhlig agus dh'fhàg e an t-seòmar airson an deasbad air a' chuspair</p>

9 Comunn na Gàidhlig: Application for Financial Assistance: Cuach na Cloinne 2017

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which sought approval of an application for financial assistance from Comunn na Gàidhlig (CnaG). The Report stated that the application was for funding of £4,000 towards the costs of organising the “Cuach na Cloinne” annual national football competition for Gaelic speaking primary school children across Scotland, including teams from Western Isles schools. The competition was run through the medium of Gaelic, and the football matches were played through the medium of Gaelic.

It was agreed to approve that the sum of £2,500 be awarded to Comunn na Gàidhlig towards the cost of the Cuach na Cloinne 2017 competition, on such terms and conditions as the Chief Executive should determine.

RELATED MATTERS

10 Western Isles Gaelic Student Placement Scheme 2016: Review

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report which advised Members of the progress and outcomes of the Western Isles Gaelic Student Placement Scheme, 2016. The Report stated that during Summer, 2016, eight Western Isles-based students with Gaelic skills had been placed with seven Gaelic organisations in the Western Isles for ten-week work placements. These students, who were all returning to full-time education in Autumn 2016, were thus given the opportunity to practise, improve and learn Gaelic skills, and gain experience of a professional work environment. The Comhairle, with the assistance of Bòrd na Gàidhlig funding, had paid for 50% of the costs of each student, with the remaining 50% being paid by each Gaelic organisation

It was agreed

(1) that the Report be noted; and

(2) that a report on the potential to expand the Scheme and to track the careers of those participating be submitted to a future meeting.

9 Comunn na Gàidhlig: Iarrtas Airson Taic-Airgid: Cuach na Cloinne 2017

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a’ sireadh aonta ri iarrtas bho Chomunn na Gàidhlig airson taic airgid. Dh’ainmich an Aithisg gu robh an iarrtas a’ sireadh £4,000 airson cosgais cur air dòigh co-fharpais ball-coise “Cuach na Cloinne” do sgoilearan ann am bun-sgoiltean Gàidhlig air feadh na h-Alba. `S ann tro mheadhan na Gàidhlig a bhithear a’ ruith na farpais, agus gach gèam air a chluich tro mheadhan na Gàidhlig.

Chaidh aontachadh gun deidheadh £2,500 a thoirt seachad do Chomunn na Gàidhlig a chum cosgais ruith farpais Cuach na Cloinne 2017, a rèir teirmean agus cùmhnantan air an dearbhadh leis an Àrd-oifigear.

CUSPAIREAN CO-CHEANGAILTE

10 Greis Gnìomhachais Gàidhlig Oileanach nan Eilean Siar 2016: Sgrùdadh

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a’ toirt fiosrachadh dha Buill air adhartas agus builean Sgeama Greis Gnìomhachais Gàidhlig Oileanach nan Eilean Siar 2016 Mhinich an Aithisg gun d’ fhuair ochdnar oileanach stèidhichte sna h-Eileanan le sgilean Gàidhlig greisean gnìomhachais le seachd buidhnean Gàidhlig airson deich seachdainean as t-Samhradh, 2016. Mar sin, fhuair na h-oileanaich, a bha a’ tilleadh gu foghlam làn-ùine as t-Fhoghar, 2016, cothrom sgilean Gàidhlig a chleachdadh, a leasachadh agus a dh’ ionnsachadh, agus eòlas fhaighinn air saoghal obrach phroifeiseanta. Phàigh a’ Chomhairle, le taic bho Bhòrd na Gàidhlig, 50% mu choinneamh cosgaisean gach oileanach agus phàigh a’ bhuidheann Gàidhlig an 50% eile.

Chaidh aontachadh

(1) notadh an Aithisg ; agus

(2) gun deidheadh Aithisg a’ mineachadh mar a ghabhadh leudachadh air an sgeama agus cumail fiosrachadh air adhartas na h-oileanaich, a thoirt air ais gu coinneamh san àm ri teachd.

11 Mod nan Eilean Siar 2016: Review

Report by Chief Executive

The Chief Executive submitted a Report informing Members of the organisation and delivery of Mod nan Eilean Siar 2016 and to consider the findings of the Mod nan Eilean Siar 2016 Evaluation Report. The Report sought to provide an overview of Mod nan Eilean Siar 2016 and to highlight certain key issues relating to the event. Comhairle nan Eilean Siar was one of the major sponsors of the event, providing considerable financial support in addition to providing other services.

The Report indicated that feedback received – both verbal and written – was that Mod nan Eilean Siar 2016 had been a very successful Mod.

It was agreed that the Report including the findings of the Evaluation Report as indicated in Appendix 1 appended to the Report be noted.

11 Mòd nan Eilean Siar 2016: Ath-sgrùdadh

Aithisg leis an Àrd-oifigear

Thugadh fa-near Aithisg leis an Àrd-oifigear a' toirt fiosrachadh dha Buill air ullachadh agus libhrigeadh Mòd nan Eilean Siar 2016 agus gus beachdachadh air Aithisg Luachaidh Mòd nan Eilean Siar 2016. Bha an aithisg seo a' toirt beachd air Mod nan Eilean Siar 2016 agus a' soilleireachadh prìomh chuspairean co-cheangailte ris an tachartas. Bha Comhairle nan Eilean Siar mar aon de phrìomh luchd-taic a' Mhòid a' toirt taic airgead còmhla ri seirbheisean eile.

A-rèir an fhiosrachaidh a fhuair an dà chuid sgrìobhte agus ann an còmhraidhean, 's e Mòd soirbheachail a bh' ann am Mòd nan Eilean Siar 2016.

Chaidh aontachadh notadh an Aithisg agus co-dhùnaidhean an Aithisg Luachaidh mìnichte aig Fa-sgrìobhadh 1 den Aithisg.